

SEACHDAIN ÙRNAIGH AIRSON AONACHD CHRÌOSDAIL 2026



“Aon Chorp,
Aon Spiorad”

Un Corff, Un Ysbryd

Aon Cholaonn, Aon Spiorad

One Body, One Spirit

churches
together
IN BRITAIN AND IRELAND®

18-25 FAOILLEACH 2026

www.ctbi.org.uk/weekofprayer



Cathair-eaglais Etchmiadzin, Airmeinia (Dealbh: iStock.com/ Ozbalci)

Tha cuspair Sgrìobtarail 2026 (Ephesianaich 4:4) a’ cur nar cuimhne gur e a’ ghairm gu aonachd gairm a tha gar brosnachadh a bhith ag obair airson sìth do gach neach, anns gach àite. ’S e gairm a tha seo a tha air a bhith aig cridhe misean is ministrealachd Eaglais Airmeinia fad eachdraidh na h-Eaglaise agus tha i fhathast buntainneach an-diugh, agus na pàirt riatanach den eòlas shònraichte a tha Crìosdaidhean Airmeinia a’ toirt gu obair aonachd Chrìosdaidh air feadh an t-saoghail. Anns na cruinneachaidhean eadar-eaglaiseach eadar-nàiseanta o chionn ghoirid, tha Eaglais Airmeinia air a bhith ag iarraidh gu dìoghrasach gun togadh an Eaglais guth làidir airson sìth chothromach san t-saoghal – chan ann a-mhàin do dh’Airmeinianaich, ach do na h-uile a tha a’ fulang mar thoradh air fòirneart, fògradh, agus geur-leanmhainn.

Leis gu bheil diaspora nan Airmeinianaich iomadh uair nas motha na àireamh-shluaigh na dùthcha fhèin, tha Eaglais nan Airmeinianaich a’ riochdachadh coimhearsnachd a tha dha-riribh cruinneil, a tha ri lorg anns an Ruis, Ugràin agus air feadh an Ear Mheadhanaich. Tha na còmhstrithean sin a ghlac aire an t-saoghail air buaidh dhìreach a thoirt air a’ choimhearsnachd seo, a tha, aig an aon àm, air an sàrachadh le mar a tha an saoghal an ìre mhath air dìochuimhneachadh èiginn Airmeinianaich a’ fulang ionnsaighean is fògradh fo làmhnan Azerbaijan. Chaidh glanadh cinnidh agus milleadh air còraichean daonna – gu h-àraidh an aghaidh Airmeinianaich ann an seann dhùthaich Artsakh – a chlàradh gu mionaideach le luchd-amhairc eadar-nàiseanta. Ach a dh’aindeoin sin, chan eil a’ choimhearsnachd eadar-nàiseanta air dad a dhèanamh, fiù ged a tha daoine air am

marbhadh, teaghlaichean air am fògradh, daoine air an cumail an grèim gu mì-laghail, agus dualchas cultarail air a sgrios.

Do dh'Eaglaisean Còmhla ann am Breatainn agus Èirinn (CTBI) agus na h-Ionnsramaidean Nàiseanta Eadar-eaglaiseach air na h-eileanan seo, tha Sgìre-easbaigeach Eaglais Airmeinia na Rìoghachd Aonaichte agus Èirinn air fianais chumhachdach a thoirt don ghairm a bhith ri obair na sìthe – tro ùrnaigh, tro thagradh agus cobhair daonnachd, tro fhoghlam sìthe, agus tro aoigheachd agus coinneamh. Tha seo a' dol an cois fìor dhealais do dh'aonachd Chrìosdail aig cridhe coileanadh àithne Chrìosd ar nàbaidh a ghràdhachadh, agus mar fhuaran dòchais aig àm buaireasach.

Anns an t-Seachdain Ùrnaigh seo airson Aonachd Chrìosdail, dèanamaid aonachadh ann an ùrnaigh agus tagradh airson muinntir Airmeinia agus Artsakh, ag iarraidh crìoch air fòirneart agus tilleadh sìthe. Còmhla, is urrainn dhuinn an t-ana-cheartas seo a thoirt am follais agus, le bhith a' dèanamh sin, àm ri teachd a thoirt gu buil far a bheil dìon is urram ga thoirt do chòraichean nan uile.



H. G. Easbaig Hovakim Manukyan
Priomh-chlèireach
Sgìre-easbaigeach Eaglais Airmeinia
na Rìoghachd Aonaichte agus Èirinn



Dr Nicola Brady
Àrd-rùnaire
Eaglaisean Còmhla ann
am Breatainn agus Èirinn

Cathair-eaglais Naoimh Griogair an Soilleiriche, Yerevan, Airmeinia. (Dealbh: iStock.com/VahanN)



“Is aon chorp agus aon Spiorad a tha ann, amhail mar an ceudna a ghairmeadh sibh ann an aon mhuininghinn ur gairme”

(Ephesianaich 4:4)

Am-bliadhna, chaidh na h-ùrnaighean agus na meòrachaidhean airson na Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chrìosdail ullachadh le Eaglais Abstolach Airmeinia, an cuideachd am bràithrean is peathraichean bho Eaglaisean Caitligeach is Soisgeulach Airmeinia. Tha na goireasan seo a' tarraing air traidiseanan linntean a dh'aois de dh'ùrnaigh agus athchuingean a chleachd muinntir Airmeinia, còmhla ri laoidhean a thàinig bho sheann mhanachainnean agus eaglaisean Airmeinia, cuid dhiubh a' dol air ais chun cheathramh linn. Tha an t-Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chrìosdail 2026 a' toirt cuireadh dhuinn tarraing air an dualchas Chrìosdail cho-roinnte seo agus sgrùdadh nas doimhne a dhèanamh air ar co-chomann ann an Crìosd, a tha a' ceangal Chrìosdaidhean air feadh an t-saoghail.

'S e àithne dhiadhaidh a th' ann an aonachd aig cridhe ar dearbh-aithne Chrìosdail. Tha e a' riochdachadh brìgh gairm na h-Eaglaise – gairm gus aonachd cho-chòrdail ar beatha ann an Crìosd a nochdadh am measg ar n-iomadachd. Tha an aonachd dhiadhaidh seo aig cridhe ar misein, air a cumail suas le gaol domhainn Ìosa Crìosd, a chuir adhbhar aonaichte romhainn.

Tron Sgrìobtar Naomh, tha gairm Dhè gu aonachd a' nochdadh bho na h-amannan as tràithe. A' tòiseachadh leis an t-Seann Tiomnadh, tha athchuinge Abrahaim gu Lot a' soilleireachadh miann Dhè airson sìth agus co-chòrdadh am measg nan creidmheach: 'Na biodh, guidheam ort, còmhstri eadar mise agus thusa, agus eadar mo bhuachaillean-sa agus do bhuachaillean-sa; oir is bràithrean sinn' (Genesis 13:8). Tha gairm Abrahaim airson co-chòrdadh agus spèis dha chèile, a dh'aindeoin an dealachaidh mu dheireadh, a' cur cuideam air cho cudromach 's a tha e a bhith beò ann an sìth.

Tha na Salm a' comharrachadh bòidhchead aonachd am measg sluagh Dhè, ag ràdh, 'Feuch, cia math agus cia taitneach an nì do bhràithrean còmhnaidh a ghabhail cuideachd ann an aonachd!' (Salm 133:1).

Anns an Tiomnadh Nuadh, tha ùrnaigh Ìosa ann an Eòin 17:21 ag iarraidh air creidmhich a bhith nan aon, mar a tha Esan agus an t-Athair nan aon, a' sealltainn gu bheil ar n-aonachd stèidhichte nar dàimh ri Crìosd agus ar misean còmhla a bhith a' roinn na deagh naidheachd. Tha àithne bhunaiteach Ìosa a bhith a' gràdhachadh a chèile mar a ghràdhaich Esan sinne (Eòin 13:34-35) a' neartachadh gur e an gaol seo brìgh ar n-aonachd.

Tha litrichean Phòil a' daingneachadh cho cudromach 's a tha aonachd san Eaglais, gar brosnachadh gu beatha a tha airidh air ar gairm le irioslachd, caoimhneas, foighidinn agus gaol (Ephesianaich 4:1-3). Tha Ephesianaich 4:4 na gheàrr-chunntas air teagasg Phòil mu aonachd, a' daingneachadh an seo cuideachd gu bheil luchd-leanmhainn Chrìosd a' riochdachadh 'aon chorp agus aon Spiorad', aonaichte ann an aon dòchas. Tha am meatafar seo a' nochdadh na h-Eaglaise mar nì aonaichte a' dol thairis air cnapan-starra crìochan dùthcha, nàiseantachd, cinneadh agus traidisean. Tha Pòl a' cleachdadh meatafar na h-Eaglaise mar

Chorp Chriosd gus cunntas a thoirt air a h-aonachd a dh'aindeoin iomadachd nam ball.

A' nochdadh cho cudromach 's a tha aonachd Chriosdail, tha Pòl ag ràdh, 'aon Spiorad', a' toirt iomradh air an Spiorad Naomh a tha a' cumail suas a' cho-chomainn seo agus a' toirt cumhachd don Eaglais gus a misean a choileanadh. 'S e an Spiorad Naomh tobar beatha spioradail agus stiùiridh am measg chreidmheach, a' dèanamh cinnteach gu bheil buill eadar-mheasgte na h-Eaglaise còmhla ann an creideamh agus adhbhar. Bidh an Spiorad ag àrach ceangal làidir, spioradail eadar creidmhich, a dh'aindeoin eadar-dhealachaidhean agus a' cruthachadh bhannan a tha a' nochdadh aonachd na Trianaid Naoimh. Tha an ceangal spioradail co-roinnte seo na bhunait airson rèite, a' stiùireadh chreidmheach air feadh an t-saoghail agus gan uidheamachadh airson fianais agus ministrealachd èifeachdach.

Ann an saoghal le iomadh traidisean roinnte de chreideamh Chriosdail, tha Ephesianaich 4:4 a' cur nar cuimhne gu bheil a h-uile creidmheach nam pàirt de 'aon chorp' Chriosd. Chan eil an aonachd seo a' ciallachadh cunbhalachd ach dealas cumanta do phrìomh fhìrinnean a' chreidimh Chriosdail. Tha e na fhianais làidir air cumhachd cruth-atharrachail an Spioraid Naoimh nuair a thig Crisdaidhean bho dhiofar chùl-raointean còmhla le amas agus lèirsinn cho-roinnte.

Tro na cleachdaidhean agus an teagasg aice, tha Eaglais Abistolach Airmeinia a' tabhann meòrachadh domhainn dhuinn air brìgh aonachd ann an Corp uile-choitcheann Chriosd. Ann a bhith a' dearbhadh na Creud, tha na creidmhich a' gairm an creideimh ann an 'aon Eaglais naomh, Chaitligeach agus abistolach', agus mar sin ag aideachadh cho cudromach 's a tha an aonachd seo don bheatha spioradail aca. Tha an gealladh seo do aonachd a' faighinn a làn-fhoillseachadh ann an coinneamhan Òrdaighean na h-Eaglaise. Gach Didòmhnaich, ann an Liotuirge an Fhacail, tha na creidmhich a' dlùth-ghabhail ri chèile agus a' seinn, 'Tha an Eaglais air fàs na h-aon', taisbeanadh den chreideamh agus den adhbhar a th' aca còmhla. Tha eachdraidh bheairteach, làn mhairtearachd Eaglais Airmeinia agus a ceannardan a' sealltainn an oidhirpean gun stad agus an sior-fhoghainteachd gus an creideamh Chriosdail a chumail suas ann an Airmeinia agus an sgìre mun cuairt. Bu chòir aonachd na h-Eaglaise a dhol thairis air dearbhadh teagaisg; tha e na eòlas beatha a tha a' neartachadh an dearbh-aithne spioradail agus am fianais choitcheinn. Ann a bhith a' gabhail ris an aonachd seo, chan e a-mhàin gu bheil Eaglais Abistolach Airmeinia a' toirt urram do na traidiseanan naomha aice ach gu bheil i cuideachd a' cur gu brioghmhor ri aonachd nas fharsainge Eaglais uile-choitcheann Chriosd. Tha am meòrachadh seo ag iarraidh oirnn a bhith ag aithneachadh agus a' cur luach ann an cumhachd cruth-atharrachail aonachd, an dà chuid taobh a-staigh ar coimhearsnachdan creideimh fhèin agus san Eaglais nas fharsainge.

Glacamaid a' ghairm dhiadhaidh seo gu aonachd, chan ann mar bheachd eas-chruthach ach mar thaisbeanadh riatanach air ar creideamh. Ann an saoghal far a bheil Corp Chriosd air a leòn le eas-aonta taobh a-staigh agus eadar traidiseanan agus aideachadh, tha gairm an Abstoil gu aonachd a' dol gu gach aon againn, chan ann a-mhàin mar choimhearsnachdan eaglaise air leth bho chèile, ach cuideachd mar dhaoine fa leth nar coimhearsnachdan. Le bhith beò ann an aonachd, tha sinn a' toirt fianais air gaol agus cumhachd ar Tighearna Iosa Chriosd agus cuideachd a' riochdachadh brìgh a theagaisg. Mar a bhios sinn a' toirt taic dha chèile agus a' comharrachadh ar n-iomadh tàlant eadar-dhealaichte, gun nochdadh sinn cridhe Chriosd agus a chuid obrach air an talamh.

Latha 1

Ar gairm gu aonachd

Rann an Latha

‘Uime sin, tha mise, prìosanach an Tighearna, a’ guidhe oirbh gun gluais sibh gu cubhaidh don ghairm leis an do ghairmeadh sibh’ (Ephesianaich 4:1)

Earrainnean Sgrìobtair a bharrachd

Micah 6:6-8

Salm 133

Eòin 15:15-17

Mineachadh

Dè cho tric ’s a bhios sinn a’ beachdachadh air ar gairm fhèin gu aonachd?

Tha Ephesianaich 4:1 a’ cur cuideam air “beatha a tha airidh air a’ ghairm leis an do ghairmeadh sibh”. Faodar obair aonachd Chrìosdail a mheas roghainneil, mar “rud a bharrachd”, ach tha an litir chun nan Ephesianach a’ cur nar cuimhne gu bheil a’ ghairm gu aonachd deatamach do mhisean Dhè air an talamh. ’S e tiodhlac bho Dhia a th’ ann an aonachd Chrìosdail a tha a’ neartachadh beatha dhaoine fa leth, eaglaisean agus a’ choimhearsnachd san



fharsaingeachd. Mar a bhios sinn ag obair agus ag adhradh còmhla ri daoine à traidiseanan Crìosdail eile, ionnsaichidh sinn barrachd mu Dhia agus tha sinn nas uidheamaichte airson seirbheis a thoirt do chàch agus seasamh ri ana-ceartas. Ann an saoghal a tha a’ sìor fhàs roinnte, tha Dia gar gairm uile gus faighinn thairis air cnapan-starra agus a bhith nar n-innealan rèite, ag iarraidh oirnn a bhith nar làmhan is nar casan aig Crìosd.

Le bhith ag aithneachadh agus a’ gabhail gu h-iriosal ris a’ ghairm seo gu aonachd, faodaidh an Eaglais Crìosd a nochdadh don t-saoghal, agus sinn a’ sireadh co-chomann co-chòrdail agus taiceil àrach le daoine eile, deagh ghnìomhan a choileanadh, tròcair a ghràdhachadh agus coiseachd gu h-iriosal maille ri ar Dia.

Cnuasachadh

Gam ghairm a-mach,
a’ fuasgladh mo chridhe.
Cluasan a chluinneas,
deòin gabhail ris.
Fosgailte, agus iriosal.
Seallaidhean ùra air an nochdadh,
taobh de ghràs nach fhaicear.
A’ fàs ann an gaol.
Còmhla, a’ fàs airidh air gairm Dhè.

Ùrnaigh

A Dhè ghràdhach,
Tha Thu air ar gairm gu aonachd.
Gum biodh ar freagairt ri Do ghairm
gar stiùireadh gu bhith a’ sireadh
ceartas agus rèite gu gnìomhach
agus Do sholas a cho-roinn leis
an t-saoghal.
Amen.

Ceistean

Pearsanta: Ciamar a tha meòrachadh air ‘a’ ghairm leis an do ghairmeadh tu’ gad bhrosnachadh gu barrachd aonachd Chrìosdail?

Ionadail: Ciamar a tha a’ ghairm gu aonachd air a cur an cèill an-dràsta san sgìre agad fhèin?

Cruinneil: Dè an diofar a dh’fhaodadh barrachd aonachd Chrìosdail a dhèanamh don chomann-shòisealta san fharsaingeachd?

Theirig agus Dèan

(www.ctbi.org.uk/goanddo)

Pearsanta: Smaoinich air dè tha do dhualchas Crìosdail a’ ciallachadh dhut agus sgriobh pìos goirid san leabhar-latha agad ma dheidhinn.

Ionadail: Tadhair air seirbheis adhradh eaglais Chrìosdail eile san sgìre agad agus sgriobh pìos goirid san leabhar-latha agad air na dh’fhiosraich thu.

Cruinneil: Feuch ri buidheann deasbaid beag a thoirt còmhla gus beachdachadh air na tha ceann-bliadhna 1700 Nicaea a’ ciallachadh dhuibh.

Latha 2

A' giùlan le chèile ann an gràdh

Rann an Latha

“...Leis gach uile irioslachd inntinn agus mhacantas, le fad-fhulangas, a’ giùlan le chèile ann an gràdh...” (Ephesianaich 4:2).

Earrainnean Sgriobtair a bharrachd

Sechariah 7:8-10

Salm 25:6-10

Lùcas 10:30-36

Mineachadh

Tha ùghdar Ephesianaich gar brosnachadh a bhith beò ann an dòigh a tha a'airidh air ar gairm Chrìosdail leis an stiùireadh shòisealta dhomhainn seo: Tha Ephesianaich a' gairm nan creidmheach 'Leis gach uile irioslachd inntinn agus mhacantas, le fad-fhulangas, a' giùlan le chèile ann an gràdh...' (Ephesianaich 4:2) Chan e dìreach turas pearsanta a th' anns a' ghairm dhiadhaidh seo. Is ann a tha i air a' cur an cèill gu soilleir nar n-eadar-obrachadh le càch. Tha na ceithir buadhan a tha air an nochdadh – irioslachd, caoimhneas, foighidinn agus fulangas – uile deatamach airson dàimhean gràdhach àrach. Tha cur an gnìomh nam buadhan seo a' ciallachadh a bhith a' dèiligeadh ri daoine eile ann an spiorad fìor irioslachd, a bhith coibhneil eadhon ris an fheadhainn a chuireas ar foighidinn fo dheuchainn,

agus a bhith a' nochdadh fulangas ris an fheadhainn a chuireas dùbhlann oirnn. Nas doimhne, tha e a' toirt a-steach 'giùlan le chèile' a dh'aindeoin ar n-eadar-dhealachaidhean, a' nochdadh gaol a tha a' dol thairis air gach sgaradh talmhaidh agus a' riochdachadh gràs tròcair gun chrìoch Dhè. Tha The Book Thief le Markus Zusak a' tabhann mineachadh a tha a' cur a' ghràis seo an cèill: 'Not-leaving: an act of trust and love, often deciphered by children.' Tha 'giùlan le' feumach air gràs a bhios daingeann eadhon nuair a tha an togradh làidir agus a' chùis a leigeil seachad.

Ùrnaigh

A Thighearna losa Crìosd,
seall dhuinn mar a bhios sinn
foighidneach le chèile ann an
irioslachd agus caoimhneas.
Gum biodh Do sholas air ar slighe gar
stiùireadh a dh'ionnsaigh aonachd
agus gar cuideachadh a' slànachadh
lotan an sgaraidh agus an dìth cùraim
a bhios tric a' briseadh
choimhearsnachdan às a chèile.
Amen.

Cnuasachadh

‘Not-leaving: an act of trust and love,
often deciphered by children.’

Gaol nach teirig: tha thu a’ caolachadh
an rathaid eadarainn, ga dhèanamh
do-dhèanta coiseachd seachad.

Gaol nach teirig: tha thu a’ briseadh
ar cridheachan le d’ èiginn, agus tha
sinn gar lorg fhèin air ar glùinean ri
do thaobh.

Gaol nach teirig: tha thu a’ giùlan an
t-saoghail chun an dorais againn
agus, ma fhreagras sinn, chì sinn
nach ann dìreach a’ seasamh san
doras a tha thu. Tha thu a’ tighinn a
dh’fhuireach gu siorraidh.

Gaol nach teirig: faodaidh cumail
taigh-òsta a bhith na obair gun
taing, gun chrìoch. Gum biodh sinn
deiseil airson an obair a dhèanamh.

Ceistean

Pearsanta: Dè na dàimhean no na
cùisean pearsanta a tha a’ cur do cho-
fhaireachdainn fo dhùbhlann?

Ionadail: Ciamar as urrainn do
dh’irioslachd, caoimhneas, foighidinn
agus fulangas, mar a chaidh
ainmeachadh anns an litir chun nan
Ephesianach, ar cuideachadh mar
chreidmhich gus stiùireadh tro, agus
faighinn thairis air, sgaraidhean nar
coimhearsnachdan ionadail?

Cruinneil: Chaidh iarraidh air fear
an taigh-òsta ann an Lùcas 10 cùram
a nochdadh, gun ach facal coigrich
gum faigheadh e air ais na chosgadh e.
Bruidhinn air diofar mhìneachaidhean
agus cheistean a tha an rann seo a’ togail.
Dè dh’fhaodadh na mìneachaidhean sin
toirt ort a dhèanamh nad dhàimhean ri
do nàbaidhean cruinneil?

Theirig agus Dèan

(www.ctbi.org.uk/goanddo)

Pearsanta: Dèan rudeigin a tha thu air a bhith a’ seachnadh.

Ionadail: Smaoinich air iomairtean sa choimhearsnachd agad a dh’fheumas
seasmhachd agus cunbhalachd agus rannsaich dòighean air a bhith feumail.

Cruinneil: Tha trioblaidean ann an-diugh a tha ag adhbhrachadh ‘ro-fhulangas’ –
faireachdainn gu bheil an duilgheadas cho mòr ’s nach gabh dad a dhèanamh ma
dheidhinn agus bidh e a’ toirt oirnn ar dìon fhèin. Chaidh faighneachd de rabaidh
Ortadocs aon uair ciamar a ghabhadh gach aon de na 613 àitheantan anns an Torah
a chumail. Fhreagair e: ‘Tagh fear agus tòisich.’ Theirig thusa agus dèan an aon rud.

Latha 3

Ceangal na sìthe

Rann an Latha

“...A’ dèanamh dìchill air aonachd an Spioraid a choimhead ann an ceangal na sìthe... (Ephesianaich 4:3).

Earrainnean Sgriobtair a bharrachd

Isaiah 11:6-9

Salm 86:8-13

Eòin 14:27-31

Mineachadh

Tha sìth deatamach ann a bhith a’ cumail suas aonachd na h-Eaglaise. Ann an Ephesianaich 4:3, tha ‘ceangal na sìthe’ a’ comharrachadh prionnsapal deatamach agus fiùghantach a tha gar ceangal ri chèile mar Chrìosdaidhean agus cuideachd a’ cumail suas aonachd na coimhearsnachd Chrìosdail. Bha Crìosd, Prionnsa na Sìthe (Isaiah 9:6), beò ann an sìth agus rèite, agus a’ searmonachadh air na buadhan sin. Is i sìth toradh na Spioraid (Galàtianaich 5:22), an dà chuid tiodhlac agus toradh an Spioraid ag obair. Tha ‘ceangal na sìthe’ na fheachd ghnìomhach a chumas suas aonachd na h-eaglaise, a’ cumail nam ball eadar-mheasgte còmhla a dh’aindeoin eadar-dhealachaidhean ann an cùl-raointean no beachdan. Bidh sìth ag àrach dhàimhean brioghmhor, a’ leigeil le creidmhic eadar-obrachadh gu co-chòrdail agus mathanas a thoirt dha chèile. Tha sìth an dà chuid na cumhachd bhon taobh a-muigh a tha a’ cur fodha feachdan

còmhstri agus na neart a-staigh a tha gar cumail làidir agus gar cur fo dhùbhlann nuair a tha eas-aonta a’ bagairt. Tha Pòl a’ cur cuideam air an fhìrinn gu bheil fìor aonachd ag iarraidh dealas leantainneach do shìth. Ag iarraidh àrach agus adhartachadh gnìomhach sìthe am measg Chrìosdaidhean.

Ùrnaigh

A Thighearna losa Crìosd,
Is Tusa Prionnsa na Sìthe.

Neartaich ceangal na sìthe eadarainn
agus anns an t-saoghal bhuairiasach
againn.

Cuir dragh air cridheachan nan uile nì
cogadh; bean ri lotan nan uile a tha
fo thrioblaid cogaidh.

Tha sinn ag ùrnaigh gu sònraichte
airson muinntir Airmèinia agus
Artsakh,

agus an luchd-dàimh air feadh an
t-saoghail.

Leig le solas Do ghràidh deàrrsadh
anns na h-àiteachan dorch a uile air
an t-saoghal againn,
agus thoir thugainn an latha anns am
faod gach sluagh a bhith beò ann an
sìth le ceartas.

Amen.

Cnuasachadh

Bidh sinn ag ionnsachadh na dòigh
as fhasa,
dìreach leigeil le rudan a bhith mar a
tha iad.

Agus gu dearbh, is e sin a tha mi ag
iarraidh cho tric.

Sith gun uallach sam bith ormsa.
Sith far am bi mi air m' fhàgail
nam aonar,
nuair a bhios cuideigin eile a'
dèiligeadh ri trioblaidean.

Ach chan eil ann an sin ach sith an
t-saoghail seo,
sith a ghèilleas,
sith a sgaras,
sith prionnsa an t-saoghail seo.

Saoraich mi bho sin a-nis,
gus am bi seilbh agam
air an t-sith nach urrainn don
t-saoghal a thoirt dhomh
agus a mheatraigeas ainm innse
far a bheil strì agus sgaradh a'
soirbheachadh.

Ceistean

Pearsanta: Nuair a tha thu a'
faireachdainn gu bheil thu aig fois leat
fhèin, dè cho cudromach 's a tha e gum bi
thu aig fois le daoine eile cuideachd?

Ionadail: Ciamar a bheir teagasg an
Abstoil Phòil gur e sith toradh an Spioraid
buidh air ar n-eadar-obrachadh làitheil
agus ar dàimhean nar coimhearsnachdan,
gu h-àraidh far a bheil feum air rèite no
mathanas?

Cruinneil: 'S e deagh bheachd a th' ann
an sith ach chan eil e comasach a thoirt
gu buil san t-saoghal an-diugh.' Ciamar a
chuireadh tu an aghaidh a' bheachd seo?

Theirig agus Dèan

(www.ctbi.org.uk/goanddo)

Pearsanta: Cruthaich ìomhaigh (mar eisimpleir, dealbh no obair-ealain) a tha a'
samhlachadh sith dhutsa, agus sgaoil e ann an dòigh sam bith a tha iomchaidh.

Ionadail: Comharraich cuspair eas-aonta ann an coimhearsnachd na h-eaglaise ionadail
agad, no a' choimhearsnachd san fharsaingeachd, agus smaoinich air mar as urrainn dhut
fìor shìth a thoirt gu buil gu practaigeach.

Cruinneil: Tha an saoghal an-diugh a' fulang frionas, còmhstri agus cogadh a tha a'
sior fhàs. Dè an aon rud a dh'fhaodadh an eaglais agad no buidheann de dh'eaglaisean
gealltainn a dhèanamh gus dùbhlann a thoirt don t-suidheachadh sin?

CINN-LATHA

Mar as tric bidh an t-Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chrìosdail air a cumail eadar 18 is 25 Faoilleach (ochdamh Naoimh Peadair agus Naoimh Pòil). Ach, bidh cuid de bhuidhnean a' taghadh amannan eile den bhliadhna, gu sònraichte timcheall air a' Chaingis a tha na latha samhlachail airson aonachd na h-eaglaise. Dèan do cho-dhùnadh fhèin, a rèir an t-suidheachaidh ionadail agad. Gus an gabh a chleachdadh aig àm sam bith den bhliadhna, bidh comharra 1-8 air stuth nan Làithean.

ÒRDUGH SEIRBHEIS

Am-bliadhna tha taghadh de dhà sheirbheis adhradh againn dhuibh. Tha **tionndadh A** bho Eaglais Abstolach Airmeinia agus tha e na chuireadh gu adhradh san traidisean Ortadocs. Tha **tionndadh B** na dhreach ath-sgrìobhte dhaibhsan a b' fheàrr seirbheis adhradh a ghabhas atharrachadh a rèir cleachdadh ionadail.

Faodar an dà òrdugh seirbheis ann am meadhan an leabhrair a tharraing a-mach agus lethbhreacan a dhèanamh dhiubh. No faodar na goireasan uile a luchdachadh sìos bho làrach-lìn CTBI agus an deasachadh no an atharrachadh airson cleachdadh ionadail. Feuchaibh gun aithnich sibh gur e stòr an stuth: goireasan Eaglaisean Còmhla ann am Breatainn agus Èirinn, Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chrìosdail.

BALLA AONACHD CHRÌOSDAIL

Feuch an cuir thu fiosrachadh agus dealbhan de na tachartasan agad, ùrnaighean agus teachdaireachdan aonachd ri “balla” aonachd Chrìosdail aig weekofprayer.org le bhith a' postadh gu Twitter a' cleachdadh an hashtag #wpcuwall. Bidh puist a' nochdadh gu fèin-ghluasadach (às dèidh greis bheag).

CÒIR-LETHBHREAC NAN DEALBHAN

Dealbh còmhdaich, **td13** agus **td31**: iStock.com/YorVen

Khachkar Airmeinianach (crois), **td6** agus pàtran croise air feadh an leabhrair: iStock.com/iSidhe

TD2: iStock.com/Ozbalci

TD3: iStock.com/VahanN

TD30 agus tron t-seirbheis adhradh: iStock.com/takepicsforfun


TD41: iStock.com/1255k

Còmhdach-cùil: iStock.com/Anna_Anikina.

SEACHDAIN ÙRNAIGH AIRSON AONACHD CHRÌOSDAIL 2026

SEIRBHEIS ADHRAIDH EADAR-EAGLAISEACH

Tionndadh A



Tha an t-òrdugh seirbheis seo a' tighinn bho Eaglais Abstolach Airmeinia agus 's e cuireadh gu adhradh a th' ann san traidisean Ortadocs. Gheibhear òrdugh-seirbheis eile ann an Tionndadh B (TD 31).

Ùrnaigh an Tighearna

Stiùiriche

Gur Beannaichte ar Tighearna Iosa Crìosd. Amen.

Coithional

Ar n-athair a tha air nèamh,
Gu naomhaichear d' ainm.
Thigeadh do rioghachd.
Dèanar do thoil air an talamh mar a nithear air nèamh.
Tabhair dhuinn an-diugh ar n-aran làitheil
agus maith dhuinn ar fiachan, amhail a mhaitheas sinne
ar luchd-fiach.
Agus na leig ann am buaireadh sinn ach saor sinn o olc.

Stiùiriche

Oir is leatsa an rioghachd agus an cumhachd agus a' ghlòir,
gu sìorraidh.

Coithional

Amen.

Gairm

Neach-leughaidh 1 Guma beannaichte gu bràth ainm an Tighearna, aig a bheil
ainm a tha air thoiseach air a' ghrèin.

Neach-leughaidh 2 Bidh cinnidhean uile na talmhainn air am beannachadh,
agus molaidh gach ginealach an Tighearna.

Neach-leughaidh 1 Beannaichte gu robh Tighearna Dia Israeil, aon obraiche
ghnìomhan iongantach. Tha ainm naomh A ghlòire
beannaichte gu bràth. Thèid an saoghal gu lèir a lìonadh
le A ghlòir.

Coithional

Amen! Amen!

Neach-leughaidh 2 Glòir don Athair agus don Mhac agus don Spiorad Naomh.

Neach-leughaidh 1 A-nis agus gu sìorraidh agus gu saoghal nan saoghal.

Coithional Amen.

Neach-leughaidh 2 A-rithist ann an sìth, guidheamaid air an Tighearna. Cluinn ar n-ùrnaigh, tog sinn gu beatha agus dèan tròcair oirnn.

Stiùiriche Beannachd agus glòir don Athair agus don Mhac agus don Spiorad Naomh.
A-nis agus gu sìorraidh agus gu saoghal nan saoghal.

Coithional Amen.

Salm 72:15-18 (air atharrachadh)

Laoidh Solais

Fhad 's a thathar a' seinn an laoidh, thathar a' lasadh coinneal mòr aig beulaibh na h-eaglaise.

Measarra



Bhon an ear is chun an iar,
Oighrean beannaicht' Sìon,
A' sìor mholadh gun stad
Esan a thàlas Solas.

Eaglaisean nam fireanan,
Uile a' toirt urram Dha,
Glòraich an Tì sin a thug
Ciall dhan an t-solas.

Naomh Nersess Gràsmhor



Liotanaidh

Neach-leughaidh

O èirigh na grèine san ear gu dol fodha na grèine san iar, agus air feadh an t-saoghail Chrìosdail gu lèir, ge bith càite bheil daoine a' gairm air ainm an Tighearna ann an naomhachd – len ùrnaighean agus an eadar-ghuidhe gun dèanadh an Tighearna tròcair oirnn. Guidheamaid air Dia ar saoradh bho pheacadh agus bho bhuaireadh an t-saoghail. Gun cluinneadh an Tighearna bòidean agus athchuingean ar cridheachan agus gum measadh e sinn airidh air A chreideamh agus air na h-àitheantan Aige còmhla ri a naoimh uile. A Thighearna Uile-chumhachdaich ar Dia, tog sinn gu beatha agus dèan tròcair oirnn.

Coithional

Tog sinn gu beatha, A Thighearna.

Neach-leughaidh

(Ma tha seo ga dhèanamh sa mhadainn)

Gun toireadh an Tighearna a-steach a' mhadainn ghrianach seo, agus gun stiùireadh E an latha a tha romhainn ann an sìth; le creideamh, guidheamaid air an Tighearna.

no

(Ma tha seo ga dhèanamh feasgar)

Gun stiùireadh an Tighearna am feasgar seo agus an oidhche a tha romhainn ann an sìth; le creideamh, guidheamaid air an Tighearna.

Coithional

Deònaich e, A Thighearna.

Neach-leughaidh

Airson aingeal na sìthe a bhith nar dìonadair, iarramaid air an Tighearna.

Coithional

Deònaich e, A Thighearna.

Neach-leughaidh

Airson maitheanas ar peacaidhean, iarramaid air an Tighearna.

Coithional

Deònaich e, A Thighearna.

Neach-leughaidh

Airson cumhachd anabarrach na croise naoimh gus ar cuideachadh, iarramaid air an Tighearna.

Coithional

Deònaich e, A Thighearna.

Neach-leughaidh

A-rithist, airson ar creideimh fhìor agus naoimh, uile còmhla, guidheamaid air an Tighearna.

Coithional

A Thighearna dèan tròcair oirnn.

Neach-leughaidh

Geallamaid sinn fhìn agus a chèile don Tighearna uile-chumhachdach ar Dia.

Coithional

Tha sinn an geall Ortsa, A Thighearna.

Neach-leughaidh

Dèan tròcair oirnn, a Thighearna ar Dia, nad thròcair mhòr. Abraidh sinn uile mar aon:

Coithional

A Thighearna dèan tròcair oirnn. A Thighearna dèan tròcair oirnn. A Thighearna dèan tròcair oirnn.

Ùrnaigh agus Roinneadh na Sìthe

Faodaidh an Stiùiriche aghaidh a thionndadh chun na h-àirde an ear airson na h-ùrnaigh a leanas, a thèid a ràdh le gàirdeanan sìnte a-mach:

Stiùiriche

Bho èirigh na grèine san ear gu dol fodha na grèine san iar, is beannaichte Thusa, a Thighearna, oir is Tusa an Rìgh, agus tha urram air D' ainm air feadh na cruinne-cè. Gum biodh seinn ar sailm binn Nad èisteachd. Gum biodh ceartas ag èirigh bho D' fhìreantachd agus ag èirigh thairis air ar laigse, agus gum bi D' ainm as naomha air a ghlòrachadh. Agus gum biodh sinn airidh air D' àitheantan a leantainn agus moladh agus glòir a sheinn don Athair agus don Mhac agus don Spiorad Naomh, a-nis agus gu sìorraidh agus gu saoghal nan saoghal. Amen.

Tha an Stiùiriche a' coimhead ris an t-sluagh, a' dèanamh comharra na croise agus ag ràdh:

Stiùiriche

Sìth dhuibh.

Coithional

Agus le ur spiorad.

Faodaidh an sluagh comharra sìthe iomchaidh a dhèanamh.

Neach-leughaidh Gun cromadh sinn sìos do Dhia.

Tha an sluagh a' cromadh sìos do Dhia ann an adhradh, ag ràdh:

Coithional **Air Do bheulaibh, A Thighearna.**

Tha an Stiùiriche a' tionndadh chun na h-àirde ear a' dèanamh ùrnaigh a-rithist, ag ràdh:

Stiùiriche A Dhia shìorraidh, a Dhia bhith-bhuan, dhèirich Thu mar sholas san t-saoghal seo agus shoillsich Thu sinn bho dhorchadas ar peacaidh. A Dhia neo-chrìochnaich, thàinig Thu a-steach don bheatha chrìochnaich againn, a' dòrtadh a-mach gu pailt tiodhlacan an Spioraid Naoimh air Do chreutairean. A-nis agus gu bràth tha Thu air Do mholadh, a Dhia as motha, leis an Athair agus an Spiorad as Naomha, a-nis agus gu sìorraidh agus gu saoghal nan saoghal.

Coithional **Amen.**

Leughaidhean Sgriobtair

Neach-leughaidh 1 Tha an leughadh seo bhon Fhàidh Isaiah (58:6-11).

Nach e seo an trasg a tha mise a' roghnachadh?
cuibhrichean na h-aingidheachd a sgaoileadh,
na h-uallaichean troma a lasachadh,
agus a' mhuinntir shàraichte fhuasgladh,
agus gach uile chuing a bhriseadh?
Nach e d'aran a roinn ris an acrach,
agus aoigheachd a thoirt do na bochdan seachranach;
nuair a chì thu an lomnochd gun còmhdaich thu e;
agus nach falaich thu thu fhèin od fheòil fhèin?
An sin brisidh do sholas a-mach mar a' mhadainn,
agus fàsaidh do shlàinte gu grad;
agus thèid d'fhìreantachd air thoiseach ort;
bidh glòir an Tighearna gad chuartaichadh on taobh chùil.
An sin gairmidh tu, agus freagraidh an Tighearna;
gladhaidh tu, agus their e, Tha mise an seo.



Ma chuireas tu air falbh as do mheadhon a' chuing,
tomhadh a' mheòir, agus labhairt toibheim;
Agus ma thiomaicheas d'anam ris an acrach,
agus gun sàsaich thu an t-anam leònte;
an sin èiridh do sholas ann an doilleireachd
agus bidh do dhorchadas mar mheadhon-là.
Agus stiùiridh an Tighearna thu an còmhnaidh,
agus sàsaichidh e d'anam ri àm tarta,
agus ungaidh e do chnàmhan;
agus bidh tu mar lios air a dheagh uisgeachadh,
agus mar thobar fìor-uisge,
air nach tig fàiling uisge.

Neach-leughaidh 2 Tha an leughadh seo bho Litir an Abstoil Phòil chun nan Ephesianach (4:1-13).

Uime sin, tha mise, prìosanach an Tighearna, a' guidhe oirbh
gun gluais sibh gu cubhaidh don ghairm leis an do
ghairmeadh sibh;

Leis gach uile irioslachd inntinn agus mhacantas, le fad-
fhulangas, a' giùlan le chèile ann an gràdh;

A' dèanamh dìchill air aonachd an Spioraid a choimhead
ann an ceangal na sìthe. Is aon chorp agus aon Spiorad a
tha ann, amhail mar an ceudna a ghairmeadh sibh ann an
aon mhuinghinn ur gairme;

Aon Tighearna, aon chreideamh, aon bhaisteadh,

Aon Dia agus Athair nan uile, a tha os cionn nan uile, agus
tre na h-uile, agus annaibhse uile.

Ach thugadh gràs do gach aon againn, a rèir tomhas tìodhlac
Chrìosd. Uime sin tha e ag ràdh,

Air dol suas dha an àird, thug e bruid am braighdeanas,
agus thug e tìodhlacan do dhaoine.

A-nis gun deachaidh e suas, ciod e ach gun deachaidh e air
tùs sìos gu ionadan ìochdarach na talmhainn? An tì a chaidh

sìos, is e sin fhèin e a chaidh suas mar an ceudna gu ro-àrd os cionn nan uile nèamh, a-chum gun lionadh e na h-uile nithean.

Agus thug e dream àraidh gu bhith nan abstoil; dream eile, gu bhith nam fàidhean; agus dream eile, gu bhith nan soisgeulaichean; agus dream eile, gu bhith nan aodhairean, agus nan luchd-teagaisg;

A-chum na naoimh a dheasachadh a-chum obair na ministrealachd, a-chum togail suas corp Chrìosd:

Gus an tig sinn uile ann an aonachd a' chreidimh, agus eòlas Mac Dhè, a-chum duine iomlain, a-chum tomhas àirde lànachd Chrìosd:

**Còisir /
Coithional
(air a sheinn)**

**Alleluia. Alleluia.
Oir Leatsa tha fuaran na beatha;
Nad sholas-sa chì sinn solas.**

Neach-leughaidh Alleluia. Èirichibh.

Tha an Stiùiriche a' coimhead ris an t-sluagh agus a' dèanamh comharra na croise ag ràdh:

Stiùiriche Sìth dhuibh.

Coithional **Agus le ur spiorad.**

Neach-leughaidh Biodh sinn aireach air Soisgeul naomh Ìosa Crìosd a rèir Eòin (12:31-36).

Còisir **Glòir Dhut, a Thighearna ar Dia.**

Neach-leughaidh Bithibh aireach! Tha Dia a' bruidhinn.

[Thuirt Ìosa don t-sluagh:] A-nis tha breitheanas an t-saoghail seo ann: a-nis tilgear uachdaran an t-saoghail seo a-mach Agus mise, ma thogar suas on talamh mi, tàirngidh mi na h-uile dhaoine am ionnsaigh. (Ach thubhairt e seo, a' ciallachadh ciod a' ghnè bhàis a gheibheadh e.) Fhreagair an



sluagh e, 'Chuala sinne as an lagh gum fan Crìosd gu sìorraidh: agus cionnas a tha thusa ag ràdh gur èiginn do Mhac an Duine a bhith air a thogail suas? Cò e Mac an Duine seo?' An sin thubhairt Iosa riu, 'Fhathast rè tamaill bhig tha an solas maille ribh: gluaisibh am feadh is a tha solas agaibh, a-chum nach beir an dorchadas oirbh: oir an tì a tha ag imeachd anns an dorchadas, chan aithne dha càit a bheil e a' dol. Am feadh is a tha an solas agaibh, creidibh anns an t-solas, a-chum gum bi sibh nur cloinn don t-solas.'

Còisir

Glòir dhut, ar Tighearna Ìosa Chrìosd.

Searmon

Ùrnaigh

Neach-leughaidh

A Tighearna ghràs-mhoir, Dia nan uile,
Stiùireadh dhaibhsan a tha caillte,
Solas dhaibhsan a tha anns an dorchadas.
Tha ar sùilean a' tionndadh Thugad; cluinn ar n-ùrnaigh.
Gum biodh grian Do ghlòir a' deàrrsadh, a' toirt beatha is solas do na h-uile, bhon ear chun an iar, agus bho thuath gu deas. Gum biodh gathan maidne D' earraich shìorraidh gar dùsgadh a tha a' feitheamh ri Do theachd.

Iosa Crìosd, Solas bhon t-Solas, gabh còmhnaidh annainn, a tha air tighinn còmhla gus adhradh a dhèanamh do D' ainm naomh, phriseil. Gun lasadh Do shoillseachadh beathachaidh gaol nas doimhne annainn dha chèile. Gum broснаichheadh Do sholas lainnireach sinn gu aonachd a tha a' sìor fhàs nas soirbheachaile. Mar dhiofar fhìlùraichean ann an gàrradh Do Rìoghachd, gum biodh Do shoillseachadh diadhaidh a' toirt oirnn fàs ann an co-chòrdadh. Agus, uile mar aon, gum biodh sinn Gad mholadh agus Gad ghlòrachadh le aoibhneas an-còmhnaidh, agus an t-Athair agus an Spiorad Naomh, a-nis

agus gu sìorraidh agus gu saoghal nan saoghal. Amen.

Air atharrachadh bho Naomh Griogair à Narek

Salm Freagairteach

Tha dà thaobh a' choithionail ag aithris rannan den t-salm mu seach, leis a h-uile duine a' tighinn còmhla air an fhreagairt. Fhad 's a thathar a' seinn an t-sailm, thèid coinnean a sgaoileadh am measg an t-sluaigh.

Neach-leughaidh Tha ar sùilean a' tionndadh Riutsa, a Dhè nan uile. Dèan tròcair oirnn agus cluinn ar n-ùrnaigh.

Coithional **Tha ar sùilean a' tionndadh Riutsa, a Dhè nan uile. Dèan tròcair oirnn agus cluinn ar n-ùrnaigh.**

Taobh 1 Tha an Tighearna a' rìoghachadh! Biodh aiteas air an talamh; dèanadh na h-eileanan lìonmhor gàirdeachas!

Taobh 2 Tha neòil agus dorchadas ma thimcheall;
is iad ceartas agus breitheanas àite-còmhnaidh
a rìgh-chathrach.

Coithional **Tha ar sùilean a' tionndadh Riutsa, a Dhè nan uile. Dèan tròcair oirnn agus cluinn ar n-ùrnaigh.**

Taobh 1 Thèid teine roimhe,
a' sgrios a nàimhdean air gach taobh.

Taobh 2 Shoillsich a dhealanaich an cruinne-cè;
chunnaic agus chrìochnaich an talamh.

Coithional **Tha ar sùilean a' tionndadh Riutsa, a Dhè nan uile. Dèan tròcair oirnn agus cluinn ar n-ùrnaigh.**

Taobh 1 Leagh na beanntan as mar chèir o làthair an Tighearna,

o làthair Tighearna na talmhainn uile.

Taobh 2

Cuiridh na nèamhan an cèill a cheartas,
agus chì an sluagh a ghlòir.

Coithional

Tha ar sùilean a' tionndadh Riutsa, a Dhè nan uile. Dèan tròcair oirnn agus cluinn ar n-ùrnaigh.

Taobh 1

Bidh amhluidh orrasan uile a nì seirbhis do dhealbhan
snaidhte, a nì uailh à iodhalan; sleuchdaibh dha, a dhiathan uile.

Taobh 2

Chuala Sion, agus bha aoibhneas oirre; agus rinn nigheanan
Iùdah gàirdeachas
airson do bhreitheanas, a Thighearna.

Coithional

Tha ar sùilean a' tionndadh Riutsa, a Dhè nan uile. Dèan tròcair oirnn agus cluinn ar n-ùrnaigh.

Taobh 1

Oir tha thusa, a Thighearna, àrd os cionn na talmhainn uile;
tha thu air d'àrdachadh gu mòr os cionn nan uile dhiathan.

Taobh 2

Sibhse a ghràdhaicheas an Tighearna, fuathaichibh olc; gleidhidh
e anaman a naomh;
à làimh nan aingidh saoraidh e iad

Coithional

Tha ar sùilean a' tionndadh Riutsa, a Dhè nan uile. Dèan tròcair oirnn agus cluinn ar n-ùrnaigh.

Taobh 1

Dhèirich solas don fhìrean, agus aoibhneas dhaibhsan a tha
ionraic nan cridhe.

Taobh 2

Biodh aoibhneas oirbh, fhìreanan, anns an Tighearna,
agus thugaibh buidheachas ri cuimhneachadh air a naomhachd.

Coithional

**Glòir don Athair agus don Mhac agus don Spiorad Naomh,
A-nis agus gu sìorraidh agus gu saoghal nan saoghal. Amen.**

Salm 97

Laoidh

Fhad 's a thathar a' seinn an laoidh, lasaidh dithis dhaoine òga coinnlean bhon choinneal mheadhanach agus thèid an lasair a sgaoileadh don h-uile duine anns an eaglais.



Dia gun aois, gun chruthachadh,
Athair, Tighearna nan uile;
Èist ri ar n-ùrnaigh, athchuingean
Nan uile a tha Gad fhrithealadh.



Bhon Athair, Camhanaich iongantach,
A Ghrèin cheart agus fhìreanta;
Èirich, soillsich sinn uile
A Sholais chaoimh agus maoth.



Spiorad a' dòrtadh bhon Athair,
Tobar na tha math;
Lìon sinn le do Shoillseachadh
Anns a' mhadainn ùir seo.



Trì pearsachan, aon ann an nàdar,
Aon Diadhachd;
Tha sinn Gad aideachadh an-còmhnaidh -
Trianaid Naomh.

Naomh Nersess Gràsmhor

A' Chreud

Stiùiriche Air ar nighe ann an solas Gliocas Chrìosd,
còmhla, aidicheamaid ar creideamh cumanta.

Coithional Tha sinn a' creidsinn ann an aon Dia,
an t-Athair, an Uile-chumhachdach,
cruithear nèimh agus talmhainn,
de na h-uile a tha faicsinneach is neo-fhaicsinneach.
Tha sinn a' creidsinn ann an aon Tighearna, Iosa Crìosd,
aon mhac Dhè,
gu siorraidh ginte den Athair,
Dia o Dhia, Solas o Sholas,
fìor Dhia o fhìor Dhia,
ginte, chan ann dèante,
den aon susbaint ris an Athair.
Leis an do rinneadh a h-uile nì.
Air ar son-ne agus airson ar saoraidh
thàinig e a-nuas o nèamh;
le cumhachd an Spioraid Naomh,
ghabh e colann daonna den Òigh Moire agus rinneadh na
dhuine e.

Air ar son-ne cheusadh e fo Phointius Pilat;
dh'fhuiling e bàs agus dh'adhlaiceadh e.
Air an treas latha dh'èirich e a-rithist a rèir nan Sgrìobtaran;

chaidh e suas gu nèamh
agus tha e na shuidhe aig deas-làimh an Athar.
Thig e a-rithist ann an glòir
a thoirt breith air na beòthaibh agus air na mairbh,
agus air a rìoghachd cha bhi crìoch.
Tha sinn a' creidsinn anns an Spiorad Naomh,
an Tighearna, tabhartair beatha,
a tha a' tighinn on Athair.
Leis an Athair agus leis a' Mhac, tha e air adhradh agus air a
ghlòrachadh,
a labhair tro na Fàidhean.
Tha sinn a' creidsinn ann an aon Eaglais naomh
Chaitligeach agus abstolach.
Tha sinn ag aideachadh aon bhaistidh gu maitheanas
pheacannan.
Tha dùil againn ri aiseirigh nam marbh,
agus ri beatha an t-saoghail a tha ri teachd. Amen.

Ùrnaigh Dùnaidh

Stiùiriche

A-rithist, ann an sìth, guidheamaid air an Tighearna.
Glòraicheamaid Dia Uile-chumhachdach, a dheàraich A
sholas air A chreutairean. A-nis, gun deàrrsadh E A thròcair
phailt a-rithist air an fheadhainn a tha a' seinn glòir Ainm.
A Thighearna Uile-chumhachdaich ar Dia, tog sinn gu beatha
agus dèan tròcair oirnn.

Coithional

**A Thighearna dèan tròcair oirnn. A Thighearna dèan
tròcair oirnn. A Thighearna dèan tròcair oirnn.**

Stiùiriche

A Thighearna Iosa Crìosd, gràsmhor agus uile-chumhachdach,
Mac Dhè, is tusa an fhìor Sholas, a thilg a-mach dorchadas a'
pheacaidh agus a dheàrrs nar cridheachan aoibhneas agus
dòchas do Rìoghachd shìorraidh.

Coithional

A Thighearna dèan tròcair oirnn.

Stiùiriche

A Thighearna ghràdhaich, cluinn ùrnaighean Do shluaigh dhìlis uile air feadh an t-saoghail, a tha a' gairm Ort le aon inntinn, aon ghuth agus aon chridhe. Tro Do dheisciobal ghràdhach Eòin, gheall Thu ma choisicheas sinn Nad sholas-sa, gum bi co-chomann againn ri chèile, agus gun glan D' fhuil phriseil sinn bho gach peacadh. Thoir dhuinn an co-chomann beannaichte sin, a Shlànaigheir!

Coithional

A Thighearna dèan tròcair oirnn.

Stiùiriche

Deònaich sìth dhuinn, a Thighearna Ghràdhaich, agus thoir air falbh plàigh fòirneirt bho aghaidh na talmhainn. Atharraich cridheachan nan uile a thòisicheas cogadh agus bean ri lotan nan uile a tha fo thrioblaid cogaidh. Cofhurtaich a h-uile prìosanach cogaidh agus thoir dhachaigh iad gun dàil. Leig le solas do ghràidh deàrrsadh anns na h-àiteachan dorch a uile san t-saoghal againn, agus thoir thugainn gu luath àm nuair a dh'fhaodas gach sluagh a bhith beò ann an sìth le ceartas.

Coithional

A Thighearna dèan tròcair oirnn.

Stiùiriche

A Theàrmann agus Fasgadh, a Thighearna Iosa Crìosd, seall le tròcair air fògarraich air feadh an t-saoghail, a tha a' fulang cràdh agus call an dachaighean. Gluais sinn gus ar co-chomann Riutsa, leothasan agus le chèile a nochdadh tro aoigheachd agus cobhair ghràdhach.

Coithional

A Thighearna dèan tròcair oirnn.

Stiùiriche

A Chrìosd, ar Slànaighear, tha sinn ag ùrnaigh airson muinntir Airmeinia agus Artsakh, agus an luchd-dàimh air feadh an t-saoghail, a thionndaidh o chionn fhada gu Do sholas tro shearmonachadh an Abstoil Thaddeus agus fianais mhiorbhaileach Naoimh Griogair an Soilleiriche.

Coithional

A Thighearna dèan tròcair oirnn.

Stiùiriche

Cuir solas D' fhèrantachd agus Do ghliocais air Do chreutairean uile. Dèan clann an t-solais agus clann an latha dhinn, gus am bi sinn an-còmhnaidh beò le urram, mar lòchrain fhiùghanta air feadh an t-saoghail airson Do sholas beatha.

Coithional

A Thighearna dèan tròcair oirnn.

Stiùiriche

Oir is Tusa ar Slànaighear, agus Dhutsa gum biodh glòir, uachdranas agus urram,
a-nis agus gu siorraidh agus gu saoghal nan saoghal.

Coithional

Amen.

Laoidh

Measarra



Còisir/ Coithional A Chrìosd, an t-Slighe mhath agus ghràs-mhor,
Is an Fhìrinn bheò.
Stiùiriche ar spioradan
O thalamh gu nèamh shuas.



Iosa, Doras na Beatha, Dia Fìor,
Tromhadsa gun tig sinne;
Nis leig a-steach sinn gu D' Athair,
Le Do Spiorad Naomh.

Naomh Nersess Gràsmhor

Ùrnaigh an Tighearna

Stiùiriche Gur Beannaichte ar Tighearna Iosa Crìosd.

Coithional Amen.

Coithional Ar n-athair a tha air nèamh,
Gu naomhaichear d' ainm.
Thigeadh do rioghachd.
Dèanar do thoil air an talamh mar a nithear air nèamh.
Tabhair dhuinn an-diugh ar n-aran làitheil
agus maith dhuinn ar fiachan, amhail a mhaitheas sinne ar
luchd-fiach.
Agus na leig ann am buaireadh sinn ach saor sinn o olc.
Oir is leatsa an rìoghachd agus an cumhachd agus a' ghlòir,
gu sìorraidh. Amen..

Stiùiriche Gum biodh gràs an Tighearna Iosa Crìosd, gaol Dhè agus co-
chomann an Spioraid Naoimh, maille ribh uile.

Coithional Amen.

Earrainnean Biobaill bho Chomann-Bhioball Dùthchail na h-Alba,
7 Sreath Hampton, Dùn Èideann, EH12 5XU 1992

Còir-lethbhreac nan dealbhan


Dealbh còmhdaich airson an dà sheirbheis adhraidh: iStock.com/YorVen
TD30 agus tron t-seirbheis adhraidh: iStock.com/takepicsforfun



SEACHDAIN ÙRNAIGH AIRSON AONACHD CHRÌOSDAIL 2026

SEIRBHEIS ADHRAIDH EADAR-EAGLAISEACH

Tionndadh B



'S e Seirbheis Ortadocs Airmeinianach a th' anns an tionndadh thùsail den t-seirbheis seo (A). 'S e dreach ath-sgrìobhte a th' anns an tionndadh seo (B) dhaibhsan a b' fheàrr seirbheis adhradh a ghabhas atharrachadh a rèir cleachdadh ionadail.

Gairm gu Adhradh

Guma beannaichte gu bràth ainm an Tighearna, aig a bheil ainm a tha air toiseach air a' ghrèin.

Bidh cinnidhean uile na talmhainn air am beannachadh, agus molaidh gach ginealach an Tighearna.

Beannaichte gu robh Tighearna Dia Israeil, an t-aon obraiche de ghnìomhan iongantach, tha ainm naomh a ghlòire beannaichte gu bràth. Thèid an saoghal gu lèir a lìonadh le a ghlòir.

Coithional **Amen! Amen!**

Laoidh (Air a' chuspair solas)

Fhad 's a thathar a' seinn an laoidh, thathar a' lasadh coinneal aig beulaibh a' choithionail.

An Ùrnaigh Tòiseachaidh

O èirigh na grèine san ear gu dol fodha na grèine san iar,
le gach sluagh agus anns gach àite, gum biodh naomhachd an Tighearna air a ghairm.

Gum biodh an naomhachd sin a' tighinn mar sholas nar measg,
a' stiùireadh ar turais air slighean a' ghràis.

A' coiseachd còmhla ri ainglean na sìthe,
gum biodh sinn air ar stiùireadh air falbh bho bhuaireadh agus bho pheacadh.

A' cluinntinn briathran tròcaire,
gum biodh fios againn gun d' fhuair sinn maitheanas, gràdh agus saorsa.

Le eòlas air cumhachd na h-aiseirighe,
gum biodh sinn air ar togail a-steach don aon sholas sin.

Air ar trusadh gu coimhearsnachd dhìleas Dhè,
gun tigeadh sinn còmhla ann an sìth.



Sith dhuibh
Agus le ur spiorad.

Comharra sìthe ga dhèanamh.

Leughaidhean Sgriobtair

Neach-leughaidh 1 Tha an leughadh seo bhon Fhàidh Isaiah (58:6-11).
Nach e seo an trasg a tha mise a' roghnachadh?
cuibhrichean na h-aingidheachd a sgaoileadh,
na h-uallaichean troma a lasachadh,
agus a' mhuinntir shàraichte fhuasgladh,
agus gach uile chuing a bhriseadh?
Nach e d'aran a roinn ris an acrach,
agus aoigheachd a thoirt do na bochdan seachranach;
nuair a chì thu an lomnochd gun còmhdaich thu e;
agus nach falaich thu thu fhèin od fheòil fhèin?
An sin brisidh do sholas a-mach mar a' mhadainn,
agus fàsaidh do shlàinte gu grad;
agus thèid d'fhìreantachd air thoiseach ort;
bidh glòir an Tighearna gad chuartachadh an taobh chùil.
An sin gairmidh tu, agus freagraidh an Tighearna;
glaothaidh tu, agus their e, Tha mise an seo.

Ma chuireas tu air falbh as do mheadhon a' chuing,
tomhadh a' mheòir, agus labhairt toibheim;
Agus ma thiomaicheas d' anam ris an acrach,
agus gun sàsaich thu an t-anam leònte;
an sin èiridh do sholas ann an doilleireachd
agus bidh do dhorchadas mar mheadhon-là.
Agus stiùiridh an Tighearna thu an còmhnaidh,
agus sàsaichidh e d'anam ri àm tarta,
agus ungaidh e do chnàmhan;
agus bidh tu mar lios air a dheagh uisgeachadh,
agus mar thobar fìor-uisge,
air nach tig fàilng uisge.

Faodar laoidh/òran a sheinn.



Neach-leughaidh 2 Tha an leughadh seo bho Litir an Abstoil Phòil chun nan Ephesianach (4:1-13).

Uime sin, tha mise, prìosanach an Tighearna, a' guidhe oirbh gun gluais sibh gu cubhaidh don ghairm leis an do ghairmeadh sibh;

Leis gach uile irioslachd inntinn agus mhacantas, le fad-fhulangas, a' giùlan le chèile ann an gràdh;

A' dèanamh dìchill air aonachd an Spioraid a choimhead ann an ceangal na sìthe. Is aon chorp agus aon Spiorad a tha ann, amhail mar an ceudna a ghairmeadh sibh ann an aon mhuinghinn ur gairme;

Aon Tighearna, aon chreideamh, aon bhaisteadh,

Aon Dia agus Athair nan uile, a tha os cionn nan uile, agus tre na h-uile, agus annaibhse uile.

Ach thugadh gràs do gach aon againn, a rèir tomhas tìodhlac Chrìosd. Uime sin tha e ag ràdh,

Air dol suas dha an àird, thug e bruid am braighdeanas, agus thug e tìodhlac an do dhaoine.

A-nis gun deachaidh e suas, ciod e ach gun deachaidh e air tùs sìos gu ionadan iochdarach na talmhainn? An ti a chaidh sìos, is e sin fhèin e a chaidh suas mar an ceudna gu ro-àrd os cionn nan uile nèamh, a-chum gun lìonadh e na h-uile nithean.

Agus thug e dream àraidh gu bhith nan abstoil; dream eile, gu bhith nam fàidhean; agus dream eile, gu bhith nan soisgeulaichean; agus dream eile, gu bhith nan aodhairean, agus nan luchd-teagaisg;

A-chum na naoimh a dheasachadh a-chum obair na ministrealachd, a-chum togail suas corp Chrìosd:

Gus an tig sinn uile ann an aonachd a' chreidimh, agus eòlas Mac Dhè, a-chum duine iomlain, a-chum tomhas àirde lànachd Chrìosd:

Neach-leughaidh

Sìth dhuibh.

Coithional

Agus le ur spiorad.

Neach-leughaidh

Biodh sinn aireach air Soisgeul naomh Ìosa Crìosd a rèir Eòin (12:31-36).

Còisir

Glòir Dhut, a Thighearna ar Dia.

[Thuirt Ìosa don t-sluagh:] A-nis tha breitheanas an t-saoghail seo ann: a-nis tilgear uachdaran an t-saoghail seo a-mach. Agus mise, ma thogar suas on talamh mi, tàirngidh mi na h-uile dhaoine am ionnsaigh. (Ach thubhairt e seo, a' ciallachadh ciod a' ghnè bhàis a gheibheadh e.) Fhreagair an sluagh e, Chuala sinne as an lagh gum fan Crìosd gu sìorraidh: agus cionnas a tha thusa ag ràdh gur èiginn do Mhac an Duine a bhith air a thogail suas? Cò e Mac an Duine seo? An sin thubhairt Ìosa riu, Fhathast rè tamaill bhig tha an solas maille ribh: gluaisibh am feadh is a tha solas agaibh, a-chum nach beir an dorchadas oirbh: oir an tì a tha ag imeachd anns an dorchadas, chan aithne dha càit a bheil e a' dol. Am feadh is a tha an solas agaibh, creidibh anns an t-solas, a-chum gum bi sibh nur cloinn don t-solas.

**Còisir /
Coithional**

Glòir Dhut, ar Tighearna Ìosa Chrìosd.

Searmon

Salm Freagairteach (Salm 97 air atharrachadh)

Fhad 's a thathar a' seinn an t-salm, thèid coinnean a sgaoileadh am measg an t-sluaigh.

Tha an Tighearna a' rìoghachadh! biodh aiteas air an talamh;
dèanadh na h-eileanan lìonmhor gàirdeachas!

Tha neòil agus dorchadas ma thimcheall;

is iad ceartas agus breitheanas àite-còmhnaidh a rìgh-chathrach.



**Tha ar sùilean a' tionndadh Riutsa, a Dhè.
Nad thròcair, èisd ri ar n-ùrnaigh.**

Shoillsich a dhealanaich an cruinne-cè;
chunnaic agus chrìothnaich an talamh.

Cuiridh na nèamhan an cèill a cheartas,
agus chì an sluagh a ghlòir.

**Tha ar sùilean a' tionndadh Riutsa, a Dhè.
Nad thròcair, èisd ri ar n-ùrnaigh.**

Chuala Sìon, agus bha aoibhneas oirre;
agus rinn nigheanan Iùdah gàirdeachas
airson do bhreitheanas, a Thighearna.

Oir tha thusa, a Thighearna, àrd os cionn na talmhainn uile;
tha thu air d'àrdachadh gu mòr os cionn nan uile dhiathan.

**Tha ar sùilean a' tionndadh Riutsa, a Dhè.
Nad thròcair, èisd ri ar n-ùrnaigh.**

Dhèirich solas don fhìrean,
agus aoibhneas dhaibhsan a tha ionraic nan cridhe.

Biodh aoibhneas oirbh, fhìreanan, anns an Tighearna,
agus thugaibh buidheachas ri cuimhneachadh air a naomhachd.

**Glòir don Athair, agus don Mhac agus don Spiorad Naomh,
a-nis agus gu sìorraidh agus gu saoghal nan saoghal. Amen. Amen.**

Laoidh

Fhad 's a thathar a' seinn an laoidh, lasar coinnlean bhon choinneal mheadhanach agus lasar na coinnlean bho dhuine gu duine.

A' Chreud

Stiùiriche

Air ar nighe ann an solas Gliocas Chrìosd,
còmhla, aidicheamaid ar creideamh cumanta.

Coithional

Tha sinn a' creidsinn ann an aon Dia,
an t-Athair, an Uile-chumhachdach,
cruithear nèimh agus talmhainn,
de na h-uile a tha faicsinneach is neo-fhaicsinneach.
Tha sinn a' creidsinn ann an aon Tighearna, Iosa Crìosd,
aon mhac Dhè,
gu siorraidh ginte den Athair,
Dia o Dhia, Solas o Sholas,
fìor Dhia o fhìor Dhia,
ginte, chan ann dèante,
den aon susbaint ris an Athair.
Leis an do rinneadh a h-uile nì.
Air ar son-ne agus airson ar saoraidh
thàinig e a-nuas o nèamh;
le cumhachd an Spioraid Naoimh,
ghabh e colann daonna den Òigh Moire agus rinneadh na
dhuine e.
Air ar son-ne cheusadh e fo Phointius Pilat;
dh'fhuiling e bàs agus dh'adhlaiceadh e.
Air an treas latha dh'èirich e a-rithist a rèir nan Sgrìobtaran;
chaidh e suas gu nèamh
agus tha e na shuidhe aig deas-làimh an Athar.
Thig e a-rithist ann an glòir
a thoirt breith air na beòthaibh agus air na mairbh,
agus air a rìoghachd cha bhi crìoch.
Tha sinn a' creidsinn anns an Spiorad Naomh,
an Tighearna, tabhartair beatha,
a tha a' tighinn on Athair.
Leis an Athair agus leis a' Mhac, tha e air adhradh agus air
a ghlòrachadh,
a labhair tro na Fàidhean.
Tha sinn a' creidsinn ann an aon Eaglais naomh Chaitligeach

agus abstolach.
Tha sinn ag aideachadh aon bhaistidh gu maitheanas
pheacannan.
Tha dùil againn ri aiseirigh nam marbh,
agus ri beatha an t-saoghail a tha ri teachd. Amen.

Ùrnaighean Eadar-ghuidhe

Tha sinn a' tighinn a-nis gus ar n-ùrnaighean a thabhann airson an t-saoghail againn, gu sònraichte airson muinntir Airmeinia agus muinntir Airmeinia a chaidh a chaidh fhuadach à sgìre Artsakh fo smachd Azerbaijan.

Stiùiriche

Ann an sìth, guidheamaid air an Tighearna.

A Thighearna Iosa Crìosd, gràs mhor agus uile-chumhachdach, Mac Dhè, is tusa an fhìor Sholas, a thilg a-mach dorchadas a' pheacaidh agus a dheàrrs nar cridheachan aoibhneas agus dòchas Do Rìoghachd shìorraidh.

Coithional

A Thighearna dèan tròcair oirnn.

Stiùiriche

A Thighearna ghràdhaich, cluinn ùrnaighean Do shluaigh dhìlis uile air feadh an t-saoghail, a tha a' gairm Ort le aon inntinn, aon ghuth agus aon chridhe. Tro Do dheisciobal ghràdhach Eòin, gheall Thu ma choisicheas sinn Nad sholas-sa, gum bi co-chomann againn ri chèile, agus gun glan D' fhuil phrìseil sinn bho gach peacadh. Thoir dhuinn an co-chomann beannaichte sin, a Shlànaigheir!

Coithional

A Thighearna dèan tròcair oirnn.

Stiùiriche

Deònaich sìth dhuinn, a Thighearna Ghràdhaich, agus thoir air falbh plàigh na fòirneirt bho aghaidh na talmhainn. Atharraich cridheachan nan uile a nì cogadh. Bean ri lotan nan uile a tha fo bhuaidh còmhstri. Cofhurtaich a h-uile prìosanach cogaidh agus thoir dhachaigh iad gun dàil. Leig le solas do ghràidh deàrrsadh anns na h-àiteachan dorcha uile san t-saoghal

againn, agus thoir thugainn gu luath àm nuair a dh'fhaodas gach sluagh a bhith beò ann an sìth le ceartas.

Coithional

A Thighearna dèan tròcair oirnn.

Stiùiriche

A Theàrmann agus Fasgadh, a Thighearna Iosa Crìosd, seall le tròcair air fògarraich air feadh an t-saoghail, a tha a' fulang cràdh agus call an dachaighean. Gluais sinn gus ar co-chomann Riutsa, leothasan agus le chèile a nochdadh tro aoigheachd agus cobhair ghràdhach.

Coithional

A Thighearna dèan tròcair oirnn.

Stiùiriche

A Chrìosd, ar Slànaighear, tha sinn ag ùrnaigh airson muinntir Airmeinia agus Artsakh, agus an luchd-dàimh air feadh an t-saoghail, a thionndaidh o chionn fhada gu Do sholas tro shearmonachadh an Abstoil Thaddeus agus fianais mhiorbhaileach Naomh Griogair an Soilleiriche.

Coithional

A Thighearna dèan tròcair oirnn.

Stiùiriche

Cuir solas D' fhireantachd agus Do ghliocais air Do chreutairean uile. Dèan clann an t-solais agus clann an latha dhinn, gus am bi sinn an-còmhnaidh beò le urram, mar lòchrain fhiùghanta air feadh an t-saoghail airson Do sholas beatha.

Coithional

A Thighearna dèan tròcair oirnn.

Stiùiriche

Oir is Tusa ar Slànaighear, agus Dhutsa gum biodh glòir, uachdranas agus urram, a-nis agus gu sìorraidh agus gu saoghal nan saoghal.

Coithional

Amen.

Ùrnaigh an Tighearna

Stiùiriche

Gur Beannaichte ar Tighearna Iosa Crìosd.



Coithional

Amen.

Coithional

Ar n-Athair... (*a rèir cleachdadh ionadail*)

Laoidh

Ùrnaigh Dheireannach

Neach-leughaidh

Thighearna ghràs-mhoir, Dia nan uile,
Stiùireadh dhaibhsan a tha cailte, Solas dhaibhsan a tha anns
an dorchadas.
Tha ar sùilean a' tionndadh Thugad; cluinn ar n-ùrnaigh.
Gum biodh grian Do ghlòir a' deàrrsadh, a' toirt beatha is solas
do na h-uile, bhon ear chun an iar, agus bho thuath gu deas.
Gum biodh gathan maidne D' earraich shìorraidh gar dùsgadh a
tha a' feitheamh ri Do theachd.

Iosa Crìosd, Solas bhon t-Solas, gabh còmhnaidh annainn, a
tha air tighinn còmhla gus adhradh a dhèanamh do D' ainm
naomh, prìseil. Gun lasadh Do shoillseachadh beathachaidh gaol
nas doimhne annainn dha chèile. Gum broснаicheadh Do
sholas lainnireach sinn gu aonachd a tha a' sìor fhàs nas
soirbheachaile. Mar diofar fhlùraichean ann an gàrradh Do
Rìoghachd, gum biodh Do shoillseachadh diadhaidh a' toirt
oirnn fàs ann an co-chòrdadh. Agus, uile mar aon, gum biodh
sinn Gad mholadh agus Gad ghlòrachadh le aoibhneas, agus an
t-Athair agus an Spiorad Naomh, a-nis agus gu sìorraidh agus gu
saoghal nan saoghal.

Air atharrachadh bho Naomh Griogair à Narek

Coithional

Amen! Amen! Amen!





Manachainn Kecharis, Airmeinia. (Dealbh:iStock.com/1255k)

Latha 4

Ghairmeadh sibh ann an aon mhuinghinn ur gairme

Rann an Latha

‘Is aon chorp agus aon Spiorad a tha ann, amhail mar an ceudna a ghairmeadh sibh ann an aon mhuinghinn ur gairme’
(Ephesianaich 4:4).

Earrainnean Sgriobtair a bharrachd

Deuteronomi 6:4-9

Salm 24:1-6

Eòin 17:20-26

Mineachadh

Anns an t-saoghal againne, faodar cunntas a thoirt air ar cultar le faclan leithid “briseadh”, “dealachadh”, “aonaranachd” agus “a’ coimhead às mo dhèidh fhìn”. Ach, tha an t-Abstol Pòl, ann an Ephesianaich 4:4, a’ coimhead air an t-saoghal le sùilean eadar-dhealaichte. Tha a shealladh air an t-saoghal duilich agus dùbhlanaich, ag iarraidh dìongmhaltas, obair, agus gràs, cumhachd is beathachadh Spiorad Dhè. Carson? Airson gu bheil Dia ag iarraidh oirnn soilleireachd ioma-thaobhach, sgeadaichte na h-aonachd shònraichte san Eaglais a lorg a chaidh a dhèanamh comasach le Ìosa. Is e seo aonachd as urrainn dol thairis air crìochan nàiseanta is cultarail uile. Mar a chuireas sinn le chèile ar beatha, ar slànachadh, ann an làmhnan Chrìosd

air aiseirigh, tha sinn a’ coimhead air adhart. Dè a chì sinn? An dòchas iongantach, co-roinnte mu dhàrna teachd ar Tighearna, a’ crìochnachadh ann an nèamh ùr agus talamh ùr anns am bi àite ullaichte againn uile. Tha aonachd na sheud thar luach, firinn beatha ged nach eil i iomlan, oir is i an teachdaire làidir nar saoghal de ar dòchas san àm ri teachd.

Ceistean

Pearsanta: Dè a dh’fheumas tu a leigeil seachad gus aonachd sluagh Dhè uile a ghabhail thugad?

Ionadail: Dè na cùisean as dùbhlanaiche a tha ro do sgìre ionadail a tha a’ bagairt aonachd agus sunnd nan uile a lagachadh?

Cruinneil: A bheil aonachd d’ eaglaise a’ dol thairis air crìochan nàiseanta is cultarail uile?

Cnuasachadh

Fior Dhòchas

Chan e dòchas dealan-dè,
gun dragh,
a' sgiathalaich gun stad,
a' suirghe gu h-iomagaineach,
ùine shaor.

Tha dòchas nas motha na soirbh-dhùil
suas is sìos mar
glainne-aimsire.

Chan e dòchas deimhinneachd gun
adhbhar,
a dh'fheumas
a mhisneachadh
gun abhsadh.

Tha dòchas air a sgeadachadh le
seudan
le iongnadh,
a' sruthadh le solas,
agus a' riaghladh ann an Coltas Dhè
a-staigh,
a-muigh,
gun crìoch.

Ùrnaigh

A Thighearna losa Crìosd,
Tha Thu gar toirt còmhla nar
n-iomadachd uile,
mar theaghlach agus mar eaglais.
A dh'aindeoin uiread de
shuidheachaidhean air an talamh,
far an do ghèill dòchas ri eu-dòchas
agus cridheachan air an gonadh agus
air am falamhachadh le briseadh-dùil,
ath-nuadhaich ar neart agus aonaich sinn.
Cuidich sinn gu Do dhòchas a cho-
roinn ge bith càite a bheil sinn.
Is Tusa an fhìor Sholas,
a ruaigear dorchadas a' pheacaidh,
eu-dòchais agus briseadh-dùil,
a shoillsicheas nar cridheachan, a'
leigeil ma sgaoil aoibhneas
agus fìor dhòchas Do ghràidh
shìorraidh do na h-uile.
Amen.

Theirig agus Dèan

(www.ctbi.org.uk/goanddo)

Pearsanta: Co-roinn d' eòlas air Dia le aon neach.

Ionadail: Theirig a-mach le buidheann bhon eaglais agad agus roinn soisgeul Dhè sa choimhearsnachd agad.

Cruinneil: Tagh aon de na h-iomairtean le Christian Aid no CAFOD agus cuir air adhart iad san eaglais, paraiste no buidheann eaglaiseil ionadail agad.

Latha 5

Aon chreideamh, aon bhaisteadh

Rann an Latha

‘Aon Tighearna, Aon chreideamh, aon bhaisteadh’ (Ephesianaich 4:5).

Earrainnean Sgriobtair a bharrachd

Sechariah 14:6-9

Salm 100

Mata 28:16-20

Mineachadh

Ann an Ephesianaich 4:5, tha an t-Abstol Pòl a’ cur cuideam air gnìomh a’ bhaistidh mar chomharradh air inntrigeadh dhaoine fa leth do cho-chomann na h-Eaglaise, a’ dearbhadh an dealais cho-roinnte don aon Tighearna. Anns a’ bhaisteadh, thathas a’ comharrachadh dearbh-aithne choitcheann na h-Eaglaise, leis gu bheil sinn mar aon ann an Corp an Tighearna. Ged a dh’fhaodadh buill tighinn bho dhiofar chùl-raointean, tha an aonachd ann an creideamh mar a chaidh a dhearbhadh anns a’ bhaisteadh a’ dol thairis air gach crìoch. Le bhith a’ cuimseachadh air na h-eileamaidean aonaichte seo, faodaidh an Eaglais a h-iomadachd a chomharrachadh fhad ‘s a dh’fhuiricheas i fìor aonaichte. Tha seo a’ cur dùbhlann oirnn gus prìomhachas

a thoirt don dearbh-aithne cho-roinnte againn ann an Crìosd a dh’aindeoin ar n-eadar-dhealachaidhean, a’ neartachadh nam bannan a tha a’ ceangal nan Crìosdaidhean uile.

Cnuasachadh

A Thaistealaich,

Ged a bhiodh sin againn oirnn fhìn no nach bitheadh, tha sinn air an tobar a ruighinn.

Agus mar a dh’fheuchas sinn a h-uisgeachan, bidh sinn uile, ged a bhiodh fios againn air no nach bitheadh, a’ toirt seachad a shlànachadh, ge bith dè an tinneas a th’ oirnn.

Dòigh air choreigin, ge b’ e cuin, ge b’ e càite

nì an t-uisge beò aonachadh.

Ùrnaigh

Spiorad Dhè, agus a Dhè fhìor,
a thàinig sìos air Abhainn Iòrdain
agus a chaidh a-steach don t-seòmar
uachdarach;
a shoillsich sinn le baisteadh uisge
na beatha,
pheacaich sinn an aghaidh nèamh agus
ad làthair-sa.
Glan sinn a-rithist le Do theine
dhiadhaidh,
mar a rinn thu air na h-Abstoil le
teangannan teinnteach.
Dèan tròcair oirnn agus air do
chreutairean uile.
Amen.

*Naomh Nersess Gràsmhor
(air atharrachadh)*

Ceistean

Pearsanta: Dè tha e a' ciallachadh dhut an-diugh a bhith a' meòrachadh air do bhaisteadh no air toiseach do bheatha Chrìosdaidh fhèin?

Ionadail: Ciamar a tha coimhearsnachd na h-eaglaise agad a' comharrachadh aonachd a' chruthachaidh uile ann an co-theacsa ionadail?

Cruinneil: Leis an tuigse eadar-dhealaichte a th' aig Crìosdaidhean air baisteadh, ciamar as urrainn don t-sacramaint seo a bhith fhathast na nochdadh de dh'aonachd?

Theirig agus Dèan

(www.ctbi.org.uk/goanddo)

Pearsanta: Cùm leabhar-latha airson seachdain (no airson seachd latha air an sgaoileadh thairis air ùine), a' meòrachadh gach latha air brìgh do bhaistidh no toiseach do bheatha Chrìosdaidh.

Ionadail: Bruidhinn air na h-iomairtean co-obrachail a dh'fhaodadh na h-eaglaisean sa choimhearsnachd agaibh a dhèanamh gus ur creideamh co-roinnte ann an Ìosa Crìosd a chomharrachadh.

Cruinneil: Cuir tachartas air dòigh a' comharrachadh aonachd chruinneil nan eaglaisean leis a' chruthaidheachd.

Latha 6

Aon Dia os cionn nan uile

Rann an Latha

‘Aon Dia agus Athair nan Uile, a tha os cionn nan uile, agus tre na h-uile agus annaibhse uile’ (Ephesianaich 4:6)

Earrainnean Sgriobtair a bharrachd

1 Rìghrean 8:56-60

Salm 148:7-13

Mata 5:44-48

Mineachadh

Tha Pòl a’ cur cuideam air aonachd dhomhainn Dhè, ag ràdh gu bheil Dia ‘os cionn nan uile agus tre na h-uile agus annaibhse uile’. Is e an aon Dia a chruthaich an saoghal a chruthaich daoine agus a tha gar gràdhachadh uile agus eòlach air ainm gach aon againn. Is e seo an Dia a rinn dàimh co-cheangail le A shluagh, gan gairm gu bhith ag adhradh Ris ann an spiorad agus ann am firinn. Is e seo an Dia a bheir dhuinn àm ri teachd às dèidh a’ bhàis, a’ gealltainn beatha shiorraidh agus dòchas nèamh ùr agus talamh ùr. Tha an sgeulachd shònraichte seo a’ tòiseachadh agus a’ crìochnachadh le gaol, seirbheis agus dilseachd. Tha aonachd a’ cur an cèill nàdar Dhè agus a’ dèanamh

an neo-fhaicsinneach follaiseach don h-uile duine, ag ath-mhìneachadh fìor chumhachd tro irioslachd, gaol agus fulangas. Gum biodh sinn a’ sireadh agus a’ leigeil leis an Dia bheò greim fhaighinn oirnn airson adhbharan Dhè san t-saoghal seo.

Cnuasachadh

A’ coiseachd a-steach don ghailearaidh, air a’ bhalla chì thu dealbh iongantach de threud aibheanan air rèidhlean Afraga. Tha na beathaichean cruinn aig oir toll-uisge mòr. Tha iad fo sgàil craoibhe, agus air an cùlaibh tha speur gorm, gorm gun chrìoch. Tha thu a’ dol nas fhaide a-steach don ghailearaidh. Tha thu a’ mothachadh aibhean beag a’ snàmh anns an uisge ruadh, le a mhàthair na laighe ri thaobh. Ceum nas fhaighe agus chì thu an dà mhuncaidh anns a’ chraoibh. Nas fhaighe buileach agus tuigidh tu nach e aon dealbh a th’ ann, ach mòran - is e

Ceistean

Pearsanta: Ciamar a thuigeas sinn Dia mar làthaireachd ghràdhach nar beatha?

Ionadail: Cò as urrainn dhuinn urramachadh nar coimhearsnachd le caoimhneas agus gaol?

Cruinneil: Ciamar a dh'aithnicheas sinn làthaireachd ghràdhach Dhè san t-saoghal?

mosàig a th' ann. Nas fhaisge fhathast agus tha gach aon de na pìosan nas lugha follaiseach mar dhealbh fa leth de dhuine. Tuigidh tu gu bheil an taisbeanadh mòr, iongantach, farsaing seo de bheathaichean fiadhaich air a dhèanamh suas de dhealbhan beaga biodach. Aonachd, iomadachd, lèirsinneach, iongantach, àlainn. Cumhachd lèirsinn an Neach-ealain!

Is e an Eaglais aonaichte mosàig Dhè.

Ùrnaigh

A Dhè ghràdhaich, tha sinn ag adhradh Dhut mar ar Cruthaighear, airson Do làthaireachd anns na nèamhan thar fhaclan agus Do làthaireachd air an talamh thar tuigse.
Tro Do Mhac Ìosa Crìosd tha sinn a' gèilleadh ri Do chùram chaomh mar thùs agus coileanadh gach nì. Cuidich sinn gus Do thoil a choileanadh nar beatha.
Glòir Dhut gu bràth,
Dia ar n-Athair, ar Mac agus ar Spiorad Naomh.
Amen.

Theirig agus Dèan

(www.ctbi.org.uk/goanddo)

Pearsanta: Lorg dòighean air gaol Dhè a chur an cèill do nàbaidh.

Ionadail: Lorg dòighean air urram a thoirt do Chorp Chrìosd dham buin sinn.

Cruinneil: Faigh mapa den t-saoghal agus dèan ùrnaigh le daoine eile air feadh an t-saoghail airson seachd latha.

Latha 7

Tìodhlac Chrìosd

Rann an Latha

‘Ach thugadh gràs do gach aon againn, a rèir tomhas tìodhlac Chrìosd.’ (Ephesianaich 4:7)

Earrainnean Sgriobtair a bharrachd

Jeremiah 1:4-9

Salm 131

Lùcas 4:17-19

Mìneachadh

Tha an Eaglais agus gach mìneachadh ionadail agus coimhearsnachd gun samhail anns an iomadachd a thug Dia dhi. Tha an tìodhlac seo air a thoirt seachad le aon Dia, airson aon adhbhar, le aon dòchas. Mar Eaglais aonaichte, faodaidh sinn tìodhlac gràis Chrìosd a thoirt gu buil a bheir cumhachd dhuinn obrachadh mar cho-chruthaichean le Dia agus sinn a’ smaoineachadh agus a’ nochdadh miann Dhè airson a h-uile duine: Rìoghachd Dhè an seo air an talamh. Tòisichidh e leinn ag aithneachadh beairteas agus cumhachd ar Cruthaigheir am measg ar n-iomadachd. Bidh e gar gluasad a thighinn còmhla, stèidhichte ann an Crìosd agus air ar neartachadh leis

an Spiorad Naomh, ann an aonachd agus adhbhar a bhith a’ glòrachadh Dhè. Mar an Eaglais, aonaichte gu daingeann agus eadar-mheasgte, nì sinn follaiseach don t-saoghal an Dia neo-fhaicsinneach agus sinn a’ roinn tìodhlac Chrìosd gu neo-fhèineil airson a h-uile duine a tha nan càirdean Dhàsan.

Ceistean

Pearsanta: Dè na tìodhlacan a thug Crìosd dhutsa?

Ionadail: Càite an aithnich thu beairteas Miann/Rìoghachd Dhè air a chur an cèill ann an diofar dhòighean anns an sgìre agad?

Cruinneil: Ciamar as urrainn dhuinn mar Eaglais beachdan iomadachd, in-ghabhail agus co-ionannachd a leantainn – ann an dòighean a chumas suas iad aig an àm seo?

Cnuasachadh

Ach chan eil annam ach leanabh beag,
ciamar eile a bha dùil agad a bithinn?

Dè eile a shaoil thu a bha mi a' dol a
dhèanamh,
a bharrachd air cluich agus tlachd a
ghabhail nam chruthachadh,
a' dannsa eadar gliocas agus dòchas,
a' dèanamh suas rabhdan agus a' seinn
aig àrd mo chinn?!

Gun do rinn Dia, mar fhianais dhomh,
le faclan cho domhainn, ungradh air
mo bhilean,

agus lasadh coibhneil nam anam:

O Eaglais,

dòchas anns an Tighearna gu bràth

bhon àm seo air adhart agus

gu sìorraidh...

Ùrnaigh

A Thighearna losa Crìosd,
Tha Thu air gràsan miorbhaileach agus
iomadh tiodhlac a
bhuileachadh oirnn

air sgàth togail suas Do Chuirp,
an Eaglais.

Cuidich sinn gus ar pearsantachd
aithneachadh agus gabhail ris,
gus am bi sinn a' gabhail iongnadh
leanaibh Nad chruthachadh agus
Nad dhèanamh eadar-mheasgte.

Beathaich sinn le Do Spiorad
chruthachail,

gum freagair sinn agus gun sgaoil sinn
D' fhacal, Do mhiann, Do ghràs
agus Do bhòidhchead,

gu gach àite as urrainn dhuinn
a ruighinn,

agus sinn a' cluich agus ag ùrnaigh
Nad ainm.

Amen.

Theirig agus Dèan

(www.ctbi.org.uk/goanddo)

Pearsanta: Bruidhinn ri daoine anns a bheil earbsa agad mu na tiodhlacan a tha iad a' faicinn annad agus smaoinich air mar a dh'fhaodadh tu an neartachadh agus an cleachdadh airson Dia.

Ionadail: Lorg pròiseactan san sgìre agad a tha nan deagh eisimpleirean de bhuidhnean eadar-mheasgte a' tighinn còmhla, agus dèan obair shaor-thoileach dhaibh.

Cruinneil: Càite am faic thu eisimpleirean de dh'èas-aonta agus de bhith a' cleachdadh eadar-dhealachadh sa chomann-shòisealta mar leisgeul airson strì? Rannsaich sgeulachdan Christian Aid no CAFOD bho air feadh an t-saoghail agus feuch cuid de na molaidhean aca mu bhith a' dol an sàs.

Latha 8

A' fàs gu lànachd Chrìosd

Rann an Latha

'...a-chum togail suas corp Chrìosd, gus an tig sinn uile ann an aonachd a' chreidimh, agus eòlas Mac Dhè, a-chum duine iomlain, a-chum tomhas àirde lànachd Chrìosd' (Ephesianaich 4:11-13).

Earrainnean Sgrìobtair a bharrachd

Gnàth-fhacail 9:10

Salm 119:97-103

Marcus 12:28-34a

Mineachadh

Ann an Ephesianaich 4:13 tha sealladh againn air iomlanachd Corp aonaichte Chrìosd – tro aonachd ann an creideamh agus fàs gu lànachd inbhe Chrìosd. Tha sinn air ar n-iarraidh a-steach do dh'fhirinn a tha barrachd air eòlas; tha e air a chur an gnìomh. Is e fios a bhith agad nach eil fios agad air a h-uile càil toiseach gliocais. Mar a bhios sinn gu h-iriosal a' sgrùdadh le iongnadh (mineachadh eadar-dhealaichte air eagal), is urrainn dhuinn slighean gu inbheachd a lorg a tha ag atharrachadh beatha agus ag ùrachadh chan ann a-mhàin dhuinne gu pearsanta, ach cuideachd airson na h-Eaglaise agus, tron Eaglais, airson an t-saoghail. Tha e a' ciallachadh a bhith nas coltaiche ri Ìosa anns a h-uile

dòigh: a' gràdhachadh mar a tha Ìosa a' gràdhachadh, a' frithealadh mar a tha Ìosa a' frithealadh agus a' nochdadh a charactair. Tha sinn air ar gairm gus ar turas spioradail a cho-roinn, a' sireadh aonachd le chèile, a' fàs nar n-eòlas beatha air Mac Dhè agus a' strì airson làn inbhe Chrìosd.

Ceistean

Pearsanta: Càite an do fhiosraich thu 'leasachadh' agus tu a' strì airson làn-inbhe Chrìosd? Smaoinich air na dh'ionnsaich thu.

Ionadail: Cò a dh'fheumas sinn gus ar leasachadh beagan a bharrachd nar gràdh agus nar seirbheis san sgìre againn?

Cruinneil: Cò leis a dh'fheumas sinn siubhal gus ar leasachadh beagan a bharrachd nar gràdh agus nar seirbheis sa cho-theacsa nàiseanta agus cruinneil?

Cnuasachadh

Tha D' fhacal a' fuireach annam
mar bhlas na meala milis,
saidhbhir agus làidir.

Tha mi a' gabhail tlachd Nad chùbhras,
ag òl toileachasan Do dhòighean
a' doimhneachadh blas m' anama.

Do làthaireachd a' neartachadh
mo bheatha,
Do Spiorad
air a dhòrtadh thairis agus a' dol tro
mo smuaintean agus m'
fhaireachdainnean as doimhne.

Tha Thu gam thàladh
a dh'ionnsaigh slighe nas fheàrr,
leacaichte le Do Bheairteas,
làn dhe Do chlann -
sinn uile
a' siubhal
a' gabhail tlachd
a' leantainn
a' fàs.

Ùrnaigh

Gun èirinn maille Riut, Solas an
t-Saoghail,
air a ghairm gus gràs agus tròcair a
thoirt seachad.
Gum bithinn a' siubhal ann an lorg
Do Spioraid,
air a ghairm gu fireantachd agus sìth.
Gum biodh fois agam le dòchas air
rudan math
anns na h-àiteachan a chruthaich Thu,
a Dhè,
a' gairm ormsa gus slànachadh a thoirt
seachad.
Gum biodh sinn uile, le misneachd
agus le gàirdeachas,
ag obair gu dìleas airson teachd Do
rìoghachd.
Glòir don Athair agus don Mhac agus
don Spiorad Naomh,
a-nis agus gu sìorraidh agus gu
saoghal nan saoghal.
Amen.

Theirig agus Dèan

(www.ctbi.org.uk/goanddo)

Pearsanta: Smaoinich air càite a bheil eagall ort a dhol. Bruidhinn ri cuideigin anns a bheil earbsa agad mu chothroman deisciobalachd a tha a' faireachdainn dùbhlanaich.

Ionadail: Lorg buidheann no gnìomhachd ionadail a leasaicheas do chreideamh agus do sheirbheis, agus ionnsaich beagan a bharrachd le bhith a' dol an sàs leotha.

Cruinneil: Lorg rudeigin a tha coimheach a thaobh cultar agus mì-chofhurtail dhut fhèin agus gabh pàirt ann agus ionnsaich bhuaith.

SEACHDAIN ÙRNAIGH AIRSON AONACHD CHRÌOSDAIL 2026



ctbi.org.uk/weekofprayer
weekofprayer.org

X (Twitter): #wpcu2026
#wpcuwall

Air Fhoillseachadh le

**Churches Together in Britain
and Ireland**

Interchurch House
35 Lower Marsh
Lunnainn SE1 7RL
info@ctbi.org.uk,
Fón: 0203 794 2288

Àir. carthannas clàraichte: 1113299.
Companaidh a tha cuingichte le
barantas, àireamh clàraidh: 5661787


**churches
together**
IN BRITAIN AND IRELAND®